



## **Alba: Seallaidhean air nàisean on taobh a-staigh agus on taobh a-muigh**

Bu mhath leinn cuireadh a chur do dh'iar-cheumnaich air cùrsaichean rannsachaidh agus teagaisg ann an raon eòlas Albannach is Ceilteach pàipearan 10 mionaidean a dh'fhaid (sa Bheurla no sa Ghàidhlig) no postair A0 a chur thugainn do cho-labhairt a thèid a chumail aig Oilthigh Ghlaschu 30 Giblean 2025.

Nì a' cho-labhairt seo sgrùdadh air beachdan taobh a-muigh agus taobh a-staigh na h-Alba, ann an eachdraidh agus san latha an-diugh, agus mar a tha bun-bheachd na h-Alba mar nàisean agus mar thùs dearbh-aithne a' sìor fhàs. Mar as àbhaist san Ionad, tha a' cho-labhairt seo ag amas air còmhradh a bhrosnachadh eadar ionadan thar cuspairean na Ceiltis is na Gàidhlig, Arc-eòlas, Eachdraidh is Litreachas.

Cuirear fàilte air pàipearan sam bith ach gu h-àraid pàipearan a rùraicheas na cuspairean seo leanas:

- Beachdan air Alba bho thaobh a-staigh agus taobh a-muigh na h-Alba
- Cho cudromach 's a tha cànanan Ceilteach agus Albais sa cho-theacsa seo
- Riochdachaidhean de dh' Alba agus eachdraidh/cultar na h-Alba anns na meadhanan, ann an eachdraidh no san latha an-diugh
- Beachdan air 'an t-saoghal Cheilteach' bho taobh a-staigh agus taobh a-muigh nan dùthchannan Ceilteach
- Togail dualchais, dearbh-aithne agus Alba mar nàisean
- Cleachdadh fianais bho thaobh a-muigh na h-Alba airson sgrùdaidhean Albannach
- Deasbadaan an latha an-diugh air Alba agus dearbh-aithne Albannach

Tha sinn a' cur fàilte air taisbeanaidhean bho ìre sam bith de rannsachadh, bho bheachdan tùsanach gu caibideilean tràchdais a thathar a' dèanamh. Bidh a' cho-labhairt seo a' tabhann àrainneachd neo-fhoirmeil agus aoigheil do chom-pàirtichean gus an rannsachadh aca a leasachadh le taic bho luchd-èisteachd eadar-nàiseanta agus eadar-chuspaireil. Bheir e cothrom cuideachd do chom-pàirtichean agus luchd-frithealaidh coinneachadh ris an lionra de sgoilearan a tha an sàs ann an Ionad Eòlas na h-Alba is na Ceiltis.

Thèid postairean a thaisbeanadh ann an seisean sònraichte air a' latha. Cuirear crìoch air a' cho-labhairt le deasbad mun bhòrd anns am bi cuid den luchd-smuain as aithnichte ann an Alba a bheir seachad an sealladh fhèin air cuspairean an latha.

Bu chòir do luchd-rannsachaidh tiotal, gearr-sheanchas (100-200 faclan) agus eachdraidh-beatha ghoirid (~50 faclan) (sa Bheurla no sa Ghàidhlig) a chur gu [cscspgsymposium@gmail.com](mailto:cscspgsymposium@gmail.com) ro 7 Màrt 2025. Faodar pàipearan a thaisbeanadh air-loidhne no gu pearsanta. Gu mì-fhortanach chan urrainn dhuinn maoinachadh a thoirt seachad airson siubhal bho ionadan eile.



## **Scotland Within and Outwith: Internal and External Perceptions of a Nation**

We invite PGTs and PGRs at institutions in Scottish and Celtic Studies to submit proposals for a 10-minute paper (in English or Gàidhlig) or an A0 poster for our annual Postgraduate Conference, held at the University of Glasgow on the 30<sup>th</sup> of April 2025.

This conference considers external and internal perceptions of Scotland, throughout the past and today, and how the concept of Scotland as a nation and source of identity continues to evolve! In the Centre's usual fashion, this conference aims to facilitate discussion between institutions across the disciplines of Celtic & Gaelic, Archaeology, History, and Literature.

We encourage abstracts addressing themes including, but not limited to:

- Perceptions of Scotland from within and outside Scotland
- Papers addressing the use of language in this context, particularly Celtic languages and Scots
- The portrayal of Scotland and Scottish history/ culture in mainstream media, today and in the past
- Changing perceptions of 'Celtic' within and outside the Celtic nations
- The conscious construction of heritage and identity as well as of Scotland as a 'nation'
- The use of sources from outside Scotland for Scottish studies
- Contemporary debates on Scotland and Scottishness

We welcome presentations from any stage of research, ranging from nascent ideas to thesis chapters in the making.

This conference aims to support participants in developing research, theories, and ideas with an international, interdisciplinary audience of peers ranging from PGTs, PGRs, Post-Docs, and Early Career Researchers in an informal, welcoming environment. Presenters and attendees alike will have the opportunity to forge connections with some of the foremost scholars of the field and take advantage of the resources of the Centre for Scottish and Celtic Studies!

The symposium will include a dedicated session to showcase posters and will conclude with a roundtable to draw out the themes of the days, featuring some of Scotland's leading cultural thinkers

Prospective presenters should send a title, abstract (100-200 words), and brief biography (~50 words) in English or Gàidhlig to [cscspgsymposium@gmail.com](mailto:cscspgsymposium@gmail.com) by 07/03/25. Papers can be presented online or in person, unfortunately we cannot offer funding for travel from other institutions.